**An *Suit* le Liam Alastair Crouse**
['An *Suit*' (The Suit) by Liam Alastair Crouse]

## An *Suit*

*Air fonn: Am Bodach-ròcais*

An latha ud
thàinig an *suit* dhan eilean:
fear pluiceach frogail
is aodach *charcoal* air.

Ghairm e coinneamh
mu leasachadh agus ro-innleachd.

Bha fear an siud
a' cuideachadh athair aig a' mhòine,
a dh'fhalbhadh dhan phrìomh-oifis sa bhaile mhòr.

Bha a mhàthair ag èisteachd ris air a' *wireless*,
'A Leabhra', 's thug e 'n toradh às a cainnt.

Ach cha do dh'fhàg e falamh sinn:
thug e cainnt ùr dhuinn,
spèis cho-ionann is sreath phrògraman tbh,
is taigh-sgoile Gàidhlig dar cuid chloinne,
is sguab e chainnt à meadhan an taighe
's chuir e chànan uallach dhan Phàrlamaid.

© 2019 Liam Alastair Crouse